



ceumannan 5

ceumannan 5

Pàipear-taic

Sgrìobtaichean Earrannan Èisteachd

Listening extracts scripts

C5-a1-earrann1**Earrann 1 an cois Eacarsaich 6.****Chòrdadh e rium a dhol a Bhietnam agus Eacarsaich 7.****Dòigh eile air a ràdh**

- a. Tha mise airson a dhol dha Na h-Innseachan. Bhiodh e uabhasach inntinneach.
- b. Bu toigh leam a dhol a dh'Ameireaga a Deas.
- c. Nam biodh an cothrom agam, chòrdadh e rium a dhol dhan Ear Mheadhanach. Tha mi a' smaoinichadh gum biodh e gu math inntinneach.
- d. Chòrdadh e rium a dhol a Bhietnam.
- e. Bha mi riamh ag iarraidh a dhol dhan Èipheit.
- f. Tha mi a' smaoinichadh gum bu toigh leam a dhol a Shìona.
- g. Tha mi a' smaoinichadh gun còrdadh e rium a dhol dhan Ruis.
- h. Tha mi ag iarraidh a dhol a Shealan Nuadh.

C5-a1-earrann2**Earrann 2 an cois Eacarsaich 9.****Bhithinn toilichte fuireach anns an sgoil bliadhna eile**

- a. Bu toigh leamsa a dhol a-null thairis airson bliadhna. An uair sin thèid mi dhan oilthigh, tha mi a' smaoinichadh.
- b. Chòrdadh e rium beagan siubhail a dhèanamh. Tha mi airson a dhol a Chanada agus a dh'Ameireaga.
- c. Bhithinn toilichte fuireach san sgoil bliadhna eile! 'S dòcha gun tèid mi dhan cholaiste an uair sin. Cha bu toigh leam a dhol a-null thairis.
- d. Chòrdadh e rium a dhol a dh'Astràilia a dh'obair airson bliadhna mus tèid mi dhan oilthigh.
- e. Cha bu toigh leam siubhal no a dhol dhan oilthigh idir. Tha mi airson obair fhaighinn an uair a dh'fhàgas mi an sgoil am-bliadhna. Tha mi ag iarraidh airgead a dhèanamh.
- f. Chòrdadh e rium obair fhaighinn anns an Eadailt airson bliadhna.
- g. Chan eil mise airson falbh idir. Bhithinn toilichte fuireach ann an Alba agus obair fhaighinn.

C5-a1-earrann3**Earrann 3 an cois Eacarsaich 23.****Chuir mi seachad còig mìosan ann an Afraga**

- a. Chuir mi seachad bliadhna ann an Astràilia.
- b. Chuir mi seachad ceithir mìosan ann an Ameireaga a Deas.
- c. Chaidh mi dhan Fhraing airson sia mìosan an-uiridh. Bha mi ag obair ann an cfaidh ann am Paris airson greis.



- d. Chuir mi seachad còig mìosan ann an Afraga. Bha mi ag obair gu saor-thoileach ann an ospadal. Tha mi ag iarraidh a bhith nam dhotair.
- e. Chuir mi seachad beagan mhìosan ann an Sìona a' teagasg Beurla. Chòrd e rium gu mòr.
- f. Chuir mo charaid lain seachad còig mìosan ann an Sealan Nuadh ag obair air tuathanas.
- g. Chuir mi seachad cola-deug ann am Borneo as t-samhradh. Bha mi ag obair gu saor-thoileach.
- h. Bha mi anns na Stàitean Aonaichte an-uiridh. Chuir mi seachad ochd mìosan ann. Bha mi sia mìosan ag obair nam neach-frithealaidh agus an uair sin chuir mi seachad dà mhìos a' siubhal air feadh na dùthcha.

C5-a1-earrann4

Earrann 4 an cois Eacarsaich 25.

Bu chòir dhut rannsachadh a dhèanamh

1. Bu chòir dhut tòrr rannsachaidh a dhèanamh mus falbh thu.
2. Cha bu chòir dhut falbh gun airgead gu leòr agad.
3. Bu chòir dhut bruidhinn ris an dotair agad mu càit a bheil thu a' dol air eagal 's gum feum thu banachdach no pilichean mailèiria.
4. Cha bu chòir dhut falbh gun àrachas siubhail.
5. Bu chòir dhut èisteachd ri comhairle bho luchd-siubhail eile.
6. Ann an cuid de dh'àitean cha bu chòir do nigheanan a bhith a' siubhal leotha fhèin.
7. Cha bu chòir dhut falbh le cus nad bhaga-droma.
8. Bu chòir dhut a bhith faiceallach leis an stuth agad. Gu h-àraid le fònaichean, innealan MP3, airgead agus rudan prìseil eile.
9. Bu chòir dhut a bhith modhail ri muinntir na dùthcha.
10. Agus mu dheireadh? Bu chòir tòrr spòrs a bhith agad!

C5-a1-earrann5

Earrann 5 an cois Eacarsaich 30.

Bhruidhninn ri m' athair a h-uile madainn

- a. Nuair a bha mi ann an Sealan Nuadh an-uiridh, bhruidhninn ri m' athair air Facetime a h-uile madainn.



- b.** Anns na h-ostailean òigridh, chumainn a h-uile sìon nam bhaga-droma agus chuirinn glas air.
- c.** Chaidleadh e fad an latha nam faigheadh e an cothrom!
- d.** Nuair a bha mi fhìn agus mo charaid a' siubhal, chluicheadh a' phìob air an t-sràid agus bhiomaid a' dèanamh tòrr airgid!
- e.** Chòrdadh e ri Anndra a dhol a dh'obair ann an Sìona.
- f.** Nuair a bha mi ag obair air tuathanas mheasan ann an Astràilia, dh'èirichinn mu cheithir uairean sa mhadainn oir thòisicheadh aig a còig.

C5-a1-earrann6

Earrann 6 an cois Eacarsaich 35.

An cluicheadh tu aig a' chèilidh?

& 36a.

Cha robh Gàidhlig aig mo phàrantan

a.

Tòmas: Anna, saoil an cluicheadh tu aig a' chèilidh an-ath-oidhch'?

Anna: Chluicheadh, gu dearbha. Cuin a tha e a' tòiseachadh?

b.

Màthair: A Raghnaill, an èisteadh tu rium?

Raghnaill: Chan èisteadh!

c.

Màiri: A Mhaighstir MhicLeòid, nuair a bha sibh òg, am bruidhneadh sibh Gàidhlig aig an taigh?

Mgr MacLeòid: Cha bhruidhneadh. Cha robh a' Ghàidhlig aig mo phàrantan. Dh'ionnsaich mi a' Ghàidhlig anns an sgoil.

d.

Iain: An itheadh a' chlann coiridh, a Raonaid?

Raonaid: Chan itheadh, tha eagal orm. Bhiodh e ro theth dhaibh.

e.

Ceit: Am fosgladh tu an uinneag, Iain?

Iain: Dh'fhosgladh gu dearbh. Tha e cianail blàth a-staigh an seo, nach eil?



f.

Seòna: A Mhaighstir Mhiclain?**Mgr Maclain:** Seadh, Seòna?**Seòna:** Anns na seann làithean, an sgrìobhadh daoine litrichean gu chèile?**Mgr Maclain:** Ò sgrìobhadh! Cha robh dòigh eile ann. Cha robh leithid de rud ann an uair sin ri fònaichean, teacsaichean no puist-dealain!**Seòna:** Iochd! Ach bhiodh siud cho slaodach! Cha chòrdadh e riumsa idir a bhith beò an uair sin. Cha dèanainn a' chuis às aonais a' fòn agam!**C5-a1-earrann7****Earrann 7 an cois Eacarsaich 37a.****B' fheàrr leam snàmh a Hiort!****agus 37b.****Chuireadh sin an ceòl air feadh na fìdhle!****Uilleam:** Ceart. Choimhead mi air an eadar-lìon agus tha an t-uabhas de dh'àitean math ann. Ach bhiodh e a rèir càit am biodh tu ag iarraidh a dhol.**Ùna:** Ò àite sam bith. Cha dèanadh e diofar dhòmhsa.**Uilleam:** Ceart. Uill chòrdadh e riumsa a dhol dha Na h-Innseachan agus...**Ùna:** Na h-Innseachan? Mo chreach 's a thàinig, Uilleim! Nach eil fhios agad nach ithinn coiridh?**Uilleam:** Dè mu dheidhinn Meagsago? 'S toigh leat fajitas nach toigh? Agus bhiodh e uabhasach inntinneach na tobhtaichean Mayan fhaicinn, nach bitheadh?**Ùna:** Bhitheadh gun teagamh. Chan eil mi a' smaoinichadh gum biodh Mam ro thoilichte nan deigheamaid ann ge-tà. Tha Meagsago rudeigin cunnartach.**Uilleam:** Ceart gu leòr. Dè mu dheidhinn Alasga ma tha? Campachadh, beanntan mòra, iasgach, coiseachd monaidh...**Ùna:** Uilleim, a bheil thu glic? A bheil thu dha-rìribh a' creidsinn gun còrdadh a leithid de rud riumsa? Chan fhaighinn craiceann donn ann an Alasga. Iasgach? Cha ghlacamaid càil ach fuachd!**Uilleam:** Uill càit an còrdadh e riutsa a dhol ma tha?**Ùna:** Dè mu dheidhinn New York? Nise bhiodh siud math dha rìribh – Broadway, togalach Stàit na h-Ìmpireachd, bàt'-aiseig Eilean Staten, ò, agus na bùthan. Cheannaichinn tòrr aodaich agus dh'fhuiricheamaid ann an taigh-òsta le còig rionnagan agus...**Uilleam:** Stad! An èisteachd tu riut fhèin? Chosgadh sin fortan, Ùna! Cha bhiodh an t-airgead againn airson sin. Dh'fhaodamaid a dhol a dh'Ameireaga ceart gu leòr, ach dh'fheumamaid fuireach ann an ostailean òigridh agus chan ann ann an taighean-òsta spaideil.**Ùna:** Ostailean òigridh an tuirt thu? Chan fhuirichinn ann an ostail òigridh. Euch!

B' fheàrr leam snàmh a Hiort!

Uilleam: Uill b' fheàrr leamsa a dhol a-null thairis còmhla ri cuideigin eile ma tha. Faodaidh tusa snàmh a dh'àite sam bith, ach tha mise a' dol a cheannach tiogaid plèan a dh'Alasga.

Ùna: Cha dèanainn sin. Thuirt Mam gum feumamaid falbh còmhla. Dè thachradh nam faigheadh i a-mach gun robh thusa ann an Alasga agus mise an àiteigin eile?

Uilleam: Aidh, chuireadh sin an ceòl air feadh na fìdhle ceart gu leòr!

C5-a1-earrann8

Earrann 8 an cois Eacarsaich 39.

Càit an rachadh tu?

- (a) **Raghnall:** A Sheumais,
Seumas: Seadh?
Raghnall: A bheil mionaid agad? Tha mi a' dèanamh rannsachadh.
Seumas: Tha. Siuthad ma tha.
Raghnall: Nam faigheadh tu an cothrom a dhol a dh'àite sam bith air an t-saoghal, càit an rachadh tu agus carson?
Seumas: Tha sin furasta. Rachainn a Bharcelona agus chithinn gèam ball-coise ann an Camp Nou. Is fìor thoigh leam FC Barcelona.
- (b) **Raghnall:** A Mhàiri-Anna, trobhad a seo.
Màiri-Anna: Seadh? Dè th' ann?
Raghnall: Nam faigheadh tusa an cothrom a dhol a dh'àite sam bith air an t-saoghal, càit an rachadh tu agus carson?
Màiri-Anna: Hmmmm... Rachainn gu àite teth, brèagha mar na Seychelles agus chuirinn seachad cola-deug nam shineadh air an tràigh. Leughainn tòrr leabhraichean agus cha dèanainn càil ach a' gabhail air mo shocair.
Raghnall: Agus carson a dhèanadh tu sin?
Màiri-Anna: Carson? Carson nach dèanadh?
- (c) **Raghnall:** Uilleim? Nam faigheadh tusa an cothrom a dhol a dh'àite sam bith air an t-saoghal, càit an rachadh tu agus carson?
Uilleam: Rachainn-sa a dh'Argentina.
Raghnall: Carson?
Uilleam: Chan eil fhios agam carson, ach bha mi riamh a' smaoinichadh gum biodh e inntinneach.
- (d) **Raghnall:** Eilidh, càit an rachadh tu nam biodh an cothrom agad?
Eilidh: Rachainn a dh'fhuireach a dh'Uibhist a Deas.
Raghnall: Ach carson? Nach biodh tu airson a dhol a-null thairis?



- Eilidh:** Cha bhitheadh. Tha teaghlach agus tòrr charaidean agam ann an Uibhist. Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil aig deireadh na bliadhna, tha mi 'n dùil a dhol a dh'fhuireach a dh'Uibhist. Tha tràighean fada geal ann, tha e brèagha, càirdeil agus sàmhach. Chan eil àite eile air an t-saoghal a b' fheàrr leam a bhith.
- Raghnall:** Glè mhath.
- (e) Raghnall:** Liam. Càit an rachadh tu, nam faigheadh tu an cothrom a dhol a dh'àite sam bith air an t-saoghal?
- Liam:** Rachainn dha na Stàitean Aonaichte. Gheibhinn motar-baic mòr air mhàl agus dhràibhinn bhon chost an iar gu cost an ear na dùthcha.
- Liam:** Bhiodh sin sgoinneil gun teagamh.

C5-a1-earrann9

Earrann 9 an cois Eacarsaich 49. Oifis nan Dùthchannan Cèin

- Dòmhnall:** Madainn mhath. Seo na naidheachdan còmhla riumsa, Dòmhnall MacAmhlaigh.
- Tha Oifis nan Dùthchannan Cèin a' moladh do luchd-turais gun a bhith a' siubhal dhan Èipheit an-dràsta às dèidh na h-ionnsaigh cheannairc a bh' ann an-dè. Spreadh boma aig na Pioramaidean ann an Giza madainn an-dè a' marbhadh deichnear Bhreatannaich agus trìuir Ameireaganaich. Seo Sharon NicGumaraid, an t-eòlaiche siubhail againn le tuilleadh. Madainn mhath, Sharon.
- Sharon:** Madainn mhath, a Dhòmhnail
- Dòmhnall:** Tha an Èipheit uabhasach cunnartach do luchd-turais an-dràsta.
- Tha Oifis nan Dùthchannan Cèin ag ràdh gu bheil cunnart ceannairc air a dhol suas chun na h-ìre as àirde, agus tha e gu math coltach gum bi tuilleadh ionnsaighean ann. Dè bu chòir do luchd-siubhail a dhèanamh ma-tha?
- Sharon:** Ma tha sibh anns an Èipheit an-dràsta, bu chòir dhuibh tighinn dhachaigh a Bhreatainn anns a' bhad. Bidh na companaidhean siubhail a' cur sin air dòigh dhuibh. Ach, fhad 's a tha sibh a' feitheamh, bu chòir do dhaoine fuireach anns, no faisg air, na taighean-òsta aca agus bu chòir dhaibh cumail air falbh bho àitean far a bheil tòrr dhaoine – mar eisimpleir, margaidhean agus seallaidhean ainmeil.
- Dòmhnall:** Agus dè a' chomhairle a bheireadh tu do luchd-siubhail a bha an dùil a dhol dhan Èipheit ma tha?
- Sharon:** Ma bha sibh an dùil a dhol dhan Èipheit, anns na mìosan a tha ri tighinn, mholainn-sa bruidhinn ris a' chompanaidh siubhail agaibh agus bu chòir dhaibh innse dhuibh ciamar a gheibh sibh an t-airgead agaibh air ais. Tha e coltach gum bi an Èipheit cunnartach do luchd-turais airson greis mhath fhathast.



- Dòmhnall:** Agus dè bu chòir do dhaoine a dhèanamh ma tha dragh orra mu chàirdean a tha thall anns an Èipheit air saor-làithean an-dràsta?
- Sharon:** Ma tha càirdean agaibh air saor-làithean anns an Èipheit an-dràsta agus sibh a' gabhail dragh mun deidhinn, bu chòir dhuibh fònadh gu Oifis nan Dùthchannan Cèin airson fiosrachadh air: 020 777 8964 air no a dhol air-loidhne gu www.oifisnandùthchannancèin.gov/giza
- Dòmhnall:** Tapadh leibh, Sharon. Sharon NicGumaraid an sin, an t-eòlaiche-siubhail againn.

C5-a1-earrann10

Earrann 10 an cois Sùil air ais 3. Bliadhna a-mach

Pàirt A

Nuair a dh'fhàg mi an sgoil an-uiridh, cha robh mi airson a dhol dìreach dhan cholaiste no dhan oilthigh. Ghabh mi bliadhna a-mach airson siubhal thall thairis agus abair gun do chòrd e rium!

An toiseach chuir mi seachad ochd mìosan ag obair air tuathanasan mheasan timcheall ceann a tuath Astràilia. An uair sin chuir mi seachad dà mhìos shìos ann am Melbourne. Fhuair mi obair ann an taigh-bìdh tron latha agus air an oidhche, bha mi a' teagasg Gàidhlig aig clasaichean oidhche.

Chaidh mi a-null a Shealan Nuadh airson mìos an uair sin airson tha piuthar mo mhàthar shìos an sin. Bha e uabhasach math a bhith a' gabhail air mo shocair an sin às dèidh deich mìosan de dh'obair!

An dèidh Sealan Nuadh, chuir mi seachad beagan làithean ann an Hong Kong, seachdain ann am Fidsidh, agus an uair sin cola-deug ann an Alba Nuadh.

Pàirt B

Rè na bliadhna, bhiodh an cianalas orm uaireannan, ach bhithinn cho trang le obair agus siubhal nach biodh cus tìd' agam smaoineachadh mu dheidhinn. Co-dhiù, bhruidhninn ri mo theaghlach agus ri mo charaidean air Skype agus air Facebook gu math tric. Rinn mi tòrr charaidean ùra ann an Astràilia. Chòrd a' bhliadhna rium cho mòr agus mholainn siubhal do dhaoine òga eile, nam biodh an cothrom aca. Chanainn gun tug siubhal misneachd dhomh, chunnaic mi tòrr rudan inntinneach agus dh'ionnsaich mi an t-uabhas.

Bu toigh leam a dhol air ais a dh'Astràilia a-rithist nuair a bhios mi deiseil anns an oilthigh. Chòrdadh e rium fuireach ann, tha mi a' smaoineachadh. 'S e àite math dha-rìribh a th' ann do dhaoine òga.

C5-a1-earrann11

Earrann 11 an cois Ceum a bharrachd 1. Tha mi moiteil asam fhìn



Is mise Màiri Anna NicEanraig. Tha mi naoi bliadhn' deug agus 's ann às na Crìochan a tha mi. Mus deach mi dhan cholaiste, chuir mi seachad sia mìosan an-uiridh a' dèanamh beagan siubhail. Bha an t-eagal orm falbh leam fhìn an toiseach, ach bha e cho furasta caraidean a dhèanamh. Ged a bha an cianalas orm an-dràsta 's a-rithist, chòrd an turas rium gu mòr.

An toiseach chaidh mi a Bhrasil ann an Ameireaga a Deas. Dh'fhuirich mi ann an Rio de Janeiro airson cola-deug. 'S e Rio an dàrna baile as motha ann am Brasil agus tha còrr is aon deug millean neach a' fuireach ann. 'S e baile mòr àlainn a th' ann an Rio agus bha tòrr ri dhèanamh agus ri fhaicinn ann. Tha tràighean mòra geala ann agus chuir mi seachad beagan làithean orra a' gabhail na grèine agus a' gabhail air mo shocair a' leughadh.

Às dèidh Rio, chaidh mi sìos a Pheru airson seachdain. Thadhail mi air na tobhtaichean ainmeil ann am Machu Picchu. Bha e air leth inntinneach ach bha e uabhasach trang le luchd-turais.

Às dèidh Ameireaga a Deas, chaidh mi a dh'Astràilia. Chuir mi seachad ceithir mìosan ann agus fhuair mi obair ann an taigh-òsta ann am Peairt. Bhithinn ag obair uairean fada cha mhòr a h-uile latha gus beagan airgid a shàbhaladh airson tuilleadh siubhail a dhèanamh. Nuair a bha airgead gu leòr agam, rinn mi beagan siubhail air a' chost an ear eadar Sydney agus Brisbane. Dh'fhuirichinn ann an ostailean, no uaireannan, chuirinn seachad oidhche no dhà a' campachadh a-muigh fo na rionnagan. Bha e dìreach sgoinneil.

Mholainn siubhal do dhaoine òga gun teagamh. Dh'ionnsaich mi tòrr agus rinn mi caraidean ùra bho air feadh an t-saoghail a bhios agam gu bràth. Chanainn gun tug siubhal misneachd dhomh agus tha mi moiteil asam fhìn gun do rinn mi e. Chòrdadh e rium barrachd siubhail a dhèanamh an uair a bhios mi deiseil anns a' cholaiste.

